

Plana Gàidhlig 2018-22

AITHISG AIR BEACHDAN BHON CHO-CHOMHAIRLE PHOBLACH

Emma Candy agus Julie Dickson

LÈIRSINN AGUS COM-PÀIRTEACHADH | COMHAIRLE BAILE DHÙN ÈIDEANN

Clàr-innse

Geàrr-chunntas	3
Cùl-fhiosrachadh agus Ro-ràdh	5
Foir-shealladh.....	5
A' cho-chomhairle agus na freagairtean	5
Prìomh Aithisg.....	7
Àrd-amas is Prionnsabalan.....	7
Raointean Ro-innleachdail is Geallaidhean.....	8
Dachaigh is Tràth-bhliadhnaichean.....	8
Foghlam.....	8
Coimhearsnachd	10
Cultar is Ealainean agus Dualchas.....	10
Eaconamaidh.....	11
Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis.....	11
An Stàid Làithreach, Toraidhean Com-pàirteachaidh agus Gnìomhan san àm ri teachd	12
Ro-0 gu 6 mìosan.....	12
0 to 3 bliadhna	14
3 - 5 bliadhna	15
5 - 11 bliadhna	16
11 - 18 bliadhna	19
Beachdan san fharsaingeachd air an dreachd phlana	21

Geàrr-chunntas

Rinn a' Chomhairle co-chomhairle air an dàrna tionndadh den [Phlana Ghàidhlig](#) eadar 2 Dàmhair agus 15 Dùbhlachd 2017, agus iad a' cur fàilte air beachdan air an dreachd phlana bho sgoilearan agus pàrantan an sàs ann am FtG, buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig, luchd-teagaisg agus buidhnean cultarach Gàidhlig cho math ris a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Fhuair a' cho-chomhairle 556 freagairtean; 387 dhan t-suirbhidh air-loidhne; 137 litrichean agus 32 puist-d. Bha leth-cheud sa sia sa cheud de na freagairtean dhan t-suirbhidh air-loidhne bho phàrantan no luchd-cùraim aig sgoilearan ann am foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG).

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachdan a thoirt seachad air susbaint a' phlana, gu sònraichte air an àrd-amas is prionnsapalan, tèaman ro-innleachdail, gealltanasan a thaobh bun-tomhasan seirbheis agus gnìomhan san àm ri teachd airson buidhnean-aoise eadar-dhealaichte.

Bha grunn cheistean fosgailte sa cho-chomhairle mun phlana, a thug cothrom do luchd-freagairt na beachdan agus an t-eòlas aca a chur an cèill a thaobh solar airson na Gàidhlig agus na coimhearsnachd Gàidhlig anns a' bhaile. Tha an aithisg seo stèidhichte air na freagairtean uile a fhuaras ro dheireadh na co-chomhairle agus tha geàrr-chunntas na cois de na prìomh chuspairean is chùisean a chaidh a thogail leis an luchd-freagairt.

- Dh'aontaich ochdad sa sia sa cheud den luchd-freagairt gu bheil àrd-amas a' phlana ceart airson a' bhaile. Tha e brosnachail gu bheil na prionnsabalan ag aithneachadh gu bheil spèis cho-ionann aig a' Ghàidhlig san lagh agus gu bheil a' choimhearsnachd Ghàidhlig beòthail agus i a' fàs.
- Mar phrìomh bhaile na h-Alba, tha dleastanas aig Dùn Èideann a bhith a' riochdachadh iomadachd chultarach a luchd-còmhnaidh, agus feumaidh i taic a chumail ri dearbh-aithne Albannach le bhith ag obair còmhla ri buidhnean nàiseanta gus cur ri faicsinneachd is brosnachadh na Gàidhlig. Tha seasamh nas treasa a dhìth an aghaidh claon-bhreith is aineolas mun Ghàidhlig agus a cultar, agus tha oidhirpean a dhìth gus aire a thogail am measg luchd-còmhnaidh eile a' bhaile mu cho cudromach sa tha an cultar.
- Gus an t-àrd-amas seo a choileanadh, feumaidh fòcas a chur air càileachd Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI) mus tèid oidhirp sam bith a dhèanamh gus cur ris an fharsaingeachd. Gus seo a dhèanamh, bidh feum air co-dhùnaidhean ro-innleachdail, planaichean mionaideach agus gnìomhan a ghabhas tomhas gus dèanamh cinnteach gum bi seo soirbheachail.
- Tha e cudromach airson leasachadh na cloinne gum faigh iad eòlas air a' chànan ga bruidhinn ro aois na sgoile. Bha luchd-freagairt ag iarraidh barrachd cùram sgoil-àraich agus cùram fad-latha anns a' Ghàidhlig. Feumaidh am Plana Gàidhlig aithneachadh cho cudromach sa tha ionnsachadh san teaghlach agus ionnsachadh inbheach cuideachd, a bhiodh a' brosnachadh phàrantan agus a' toirt cothrom dhaibh na sgilean cànan aca a thoirt air adhart agus a chleachdadh aig an taigh.
- Le àireamhan anns na sgoiltean a' dol am meud, thuirt luchd-freagairt gun robh iad airson 's gun rachadh rudeigin a dhèanamh sa bhad a thaobh gainnead an luchd-teagaisg, càileachd a' churraicealaim agus aithneachadh air cho cudromach sa tha foghlam bogaidh. A bharrachd air seo, bha iarrtasan ann airson soillearachadh agus cinnt a thaobh nan slighean ionnsachaidh a tha rim faighinn gus am bi fios aig pàrantan is clann dè bhios a' tachairt agus gun urrainn dhaibh leantainn orra ann am FtG.

- Dh'fhaodte gun cuideachadh culaidhean-brosnachaidh agus roghainnean leasaichte airson leasachadh leantainneach gus barrachd luchd-teagaisg a thrusadh, no gum broснаicheadh e luchd-teagaisg a bhith a' fuireach ann am foghlam Gàidhlig no a bhith ag ath-thrèanadh sa Ghàidhlig. Bu chòir Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig làn-ùine fhastadh cuideachd gus cur ri càileachd agus comas-lìbhrigidh.
- Cuidichidh foghlam bogaidh, cho math ri solar nas fheàrr airson na coimhearsnachd, cultar is na h-ealainean, daoine gus sgilean a thogail nas luaithe agus gus an ìre fileantachd a ruighinn sa Ghàidhlig a tha a dhìth gus an aithnich iad buannachdan an dà-chànanais.
- Tha feum air a bhith a' dèiligeadh ri taic a bharrachd mar chuspair fa leth, an àite a bhith a' dèiligeadh ris mar phàirt de mheudachadh foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig. Chaidh a thoirt fa-near gu bheil clann le feumalachdan a bharrachd feumach air taic tron fhoghlam air fad aca agus gu bheil cnuasachadh faiceallach a dhìth air seo.
- Bha luchd-freagairt ag aontachadh gur e deagh bheachd a bh' ann taic a thoirt do dhòighean-obrach co-obrachail gus iomairtean coimhearsnachd a lìbhrigeadh agus thug iad an aire gu bheil saor-thoilich anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig a dh'fhaodadh taic a thoirt. Bu chòir feumalachdan na coimhearsnachd aithneachadh barrachd, agus bu chòir ceuman a ghabhail gus goireasan agus tachartasan coimhearsnachd a leasachadh. Feumar smaoinichadh air mar a ghabhadh gnìomhan taobh a-muigh na sgoile a leudachadh, gus an tèid a' Ghàidhlig agus a cultar a leabachadh barrachd ann am beatha làitheil.
- A rèir luchd-freagairt, ged a tha am Plana Gàidhlig a' cur cuideam sònraichte air leudachadh FtG, chan eil mion-fhiosrachadh no àrd-amasachd ann airson gealltanasan eile no airson bhun-tomhasan seirbheis, a' gabhail a-steach an àite-obrach, ealainean agus dualchas, agus an eaconamaidh. Tha barrachd cnuasachaidh a dhìth air dè na buannachdan a bheir Gàidhlig do na raointean seo.

Am Faoilleach 2018

Cùl-fhiosrachadh agus ro-ràdh

Tha an aithisg seo na gheàrr-chunntas de na beachdan a fhuaras air ais mar phàirt den cho-chomhairle a rinn Comhairle Baile Dhùn Èideann, bhon Dàmhair gus an Dùbhlachd 2017, air an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig.

Foir-shealladh

Bha Gàidhlig ga bruidhinn sa mhòr-chuid de dh'Alba aig aon àm, agus b' i prìomh chànan an t-sluaigh ann am pàirt mhòr den dùthaich suas gu ruige an 19mh linn. 'S i aon de na cànanan Ceilteach a tha gam bruidhinn ann an diofar cheàrnaidhean de Bhreatainn is Èirinn, agus tha buntainneas dlùth eadar a' Ghàidhlig, Gaeilge agus Gàidhlig Mhanainn. Tha Gàidhlig a-nis air a h-aithneachadh mar chànan nàiseanta, aig a bheil inbhe co-ionann ris a' Bheurla fon lagh.

Tha Dùn Èideann air a bhith na àite cudromach dhan Ghàidhlig fad iomadh linn. Tha tòrr de dh'ainmean-àite ann an Dùn Èideann a' tighinn bhon Ghàidhlig, leithid Balerno (Baile Àirneach), Craigentinny (Creag an t-Sionnaich), agus Dalry (Dail Fhraoich), agus tha sin a' sealltainn gu bheil daoine air a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ann an Dùn Èideann fad iomadh bliadhna.

Chaidh Plana Gàidhlig na Comhairle a dheasachadh mar thoradh air Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a tha a' cur dleastanas reachdail air Comhairle Baile Dhùn Èideann plana a dheasachadh gach còig bliadhna.

Chaidh [a' chiad tionndadh](#) den Phlana Gàidhlig aontachadh ann an 2012, leis an dàrna tionndadh a' togail air an adhartas agus air na leasan a chaidh ionnsachadh bho bhith ga lìbhrigeadh. Tha an dàrna tionndadh seo den phlana a' cur fòcas air a bhith a' togail barrachd luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig, a bhith a' cruthachadh barrachd chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh, agus a bhith a' togail dàimh nas fheàrr le coimhearsnachdan Gàidhlig agus ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig air feadh a' bhaile.

Gus am plana a choileanadh, tha a' chomhairle air rùnachadh obrachadh ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, [Bòrd na Gàidhlig](#) (BnG), luchd-obrach a bhios a' lìbhrigeadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus seirbheisean Gàidhlig eile, agus le coimhearsnachdan Gàidhlig eile.


A' Cho-chomhairle agus na freagairtean

Ann an 2017, rinn a' Chomhairle co-chomhairle phoblach air an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig, ag iarraidh beachdan air an dreachd phlana bho sgoilearan agus pàrantan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI), buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig, luchd-teagaisg, buidhnean cultarach Gàidhlig cho math ris a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.

Rinn a' Chomhairle suirbhidh air-loidhne, a bha ri fhaighinn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, gus cothrom a thoirt do bhuidhnean agus do dhaoine fa leth aig an robh ùidh sa chùis am beachdan is molaidhean a chur an cèill. Bha a' mhòr-chuid de na freagairtean a fhuaras bho dhaoine a bh' anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig mar-thà, gu sònraichte, pàrantan no luchd-cùraim aig sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG).

Freagairt co-chomhairle air-loidhne

(faodaidh an luchd-freagairt barrachd air aon roghainn a thaghadh)



Uile gu lèir, fhuaras 387 freagairtean dhan t-suirbhidh cho-chomhairleachaidh air-loidhne. Tron àm cho-chomhairleachaidh, fhuair a' Chomhairle 137 litrichean agus 32 puist-d mun dreachd Phlana.


Chaidh na freagairtean a fhuaras sa Ghàidhlig eadar-theangachadh le Seirbheis Eadar-theangachaidh is Eadar-mhìneachaidh na Comhairle (Interpretation and Translation Service - ITS). Dh'eadar-theangaich ITS 23 freagairtean do thionndadh Gàidhlig an t-suirbhidh agus 8 litrichean / puist-d a chaidh a chur a-steach dhan cho-chomhairle.

Tha an aithisg seo stèidhichte air na freagairtean uile dhan t-suirbhidh air-loidhne agus air na litrichean is puist-d uile a fhuaras ro cheann-latha mu dheireadh na co-chomhairle – 15 Dùbhlachd 2017.

Prìomh aithisg

Àrd-amas is Prionnsapalan

Bha a' mhòr-chuid den luchd-freagairt den bheachd gun robh an t-àrd-amas aig a' phlana brosnachail, agus gu bheil na prionnsabalan ag aithneachadh gu bheil spèis cho-ionann aig a' Ghàidhlig san lagh agus gu bheil a' choimhearsnachd Ghàidhlig beòthail agus i a' fàs.



Ged a bha ceanglaichean aig a' mhòr-chuid den luchd-freagairt ri FtG no FLI no ri buidhnean Gàidhlig, thuir 14% den luchd-freagairt dhan t-suirbhidh air-loidhne gun robh iad a' cur freagairt a-steach dhan cho-chomhairle dìreach mar dhaoine a tha a' fuireach sa bhaile. Bha na beachdan aig a' bhuidhinn seo a thaobh a' Phlana Ghàidhlig nas mì-fhàbharaiche. Cha robh ach 24% den bhuidhinn seo ag aontachadh gun robh an t-àrd-amas ceart airson a' bhaile; le tòrr de na daoine seo ag ràdh gun robh iad den bheachd nach bu chòir deasachadh a' Phlana Ghàidhlig a bhith na prìomhachas, gur e poileataigs a bha air cùl seo, gun robh e dìreach a chum leas nan acadaimigeach agus buidheann bheag anns a' bhaile agus gum bu chòir stòrasan a bhith ag amas air seirbheisean airson a h-uile duine mar eisimpleir foghlam san fharsaingeachd, slàinte is cùram shòisealta, cruinneachadh sgudal agus glanadh nan sràidean.

Mar phrìomh bhaile na h-Alba, chaidh aithneachadh gu bheil dleastanas aig Dùn Èideann a bhith a' riochdachadh cultaran eadar-mheasgte a luchd-còmhnaidh. Bha an feadhainn a bha na bu mì-fhàbharaiche a thaobh a' Phlana Ghàidhlig a' faighneachd carson a bha am baile a' cur cuideam air a' Ghàidhlig, cultar a bha iad a' faicinn mar rud nach robh cudromach ann an eachdraidh na Galldachd, seach cànanan eile mar a' Bheurla, Pòlainnis, Urdu, Sìnis is mar sin air adhart. Chaidh an argamaid a chur air adhart gun robh na coimhearsnachdan sin na bu mhotha agus gum faigheadh iad barrachd buannachd bho thaic. Chaidh moladh gum biodh e na b' fhèarr goireasan a chleachdadh airson trèanadh ann an nua-chànanan anns na sgoiltean, a ghabhadh a chleachdadh gu prataigeach.

B' e an argamaid an aghaidh seo bho dhaoine a bha taiceil dhan Phlana Ghàidhlig gu bheil a' Ghàidhlig am measg nan cultaran eadar-mheasgte aig a' bhaile agus, mar prìomh bhaile, gum feum Dùn Èideann gnìomh a ghabhail gus taic a thoirt do dhearbhaithne na h-Alba. Chaidh moladh gum bu chòir dhan bhaile aontachadh a bhith ag obair le buidhnean nàiseanta gus cur ri faicsinneachd is brosnachadh a' chàinain. A bharrachd air seo, feumaidh am baile a bhith nas treasa san t-seasamh aige a thaobh na Gàidhlig agus bu chòir fios a bhith anns a' phlana mu mar a chuireas am baile an aghaidh aineolas is claon-bhreith an aghaidh na Gàidhlig agus a cultar, agus mu na h-oidhirpean a thèid a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun tuig an fheadhainn nach eil an sàs ann am FtG no FLI cho cudromach 's a tha e.

Gus an t-àrd-amas a choileanadh, chaidh an argamaid a chur air adhart gum feum fòcas a bhith ann an toiseach air càileachd FtG/FLI mus tèid oidhirp sam bith a ghabhail gus a leudachadh, agus gum biodh feum aig seo air co-dhùnaidhean ro-innleachdail, slatan-tomhais airson soirbheas agus an ìre cheart de thaic.

Raointean Ro-innleachdail is Geallaidhean

San fharsaingeachd, bha taic ann do na tèaman ro-innleachd agus do na geallaidhean anns an dreachd phlana. Bha a' mhòr-chuid den luchd-freagairt den bheachd gun robh iad ciallach agus coileanta. Ach bha cuid den luchd-freagairt den bheachd gun robh barrachd fiosrachaidh anns an earrainn mu Fhoghlam agus gun robh barrachd cuideam air a' chuspair seo tron phlana seach air na h-earrannan eile. Chaidh moladh gun robh barrachd obrach a dhìth gus na gealltanasan eile a leasachadh agus gun robh feum air gealltanasan nas treasa gus cur ri faicsinneachd na Gàidhlig anns a' bhaile agus gus a h-àbhaisteachadh anns a' bheatha làitheil.

Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean

Bha luchd-freagairt toilichte gun robh na cuspairean agus geallaidhean a thaobh Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean a' cur cuideam air càileachd, agus gu bheil ag aithneachadh cho cudromach 's a tha ionnsachadh teaghlach.

Chaidh comharrachadh gu bheil e cudromach eòlas fhaighinn air a' chànan ga bruidhinn ro aois sgoile agus gu bheil feum air barrachd cùram sgoil-àraich is cùram fad-latha. Dh'aithris cuid den luchd-freagairt gun do chaill an cuid cloinne cothrom air sgoil-àraich sa Ghàidhlig mar thoradh air dìth àiteachan agus fèill mhòr air àiteachan. Tha cùram sgoil-àraich is cùram fad-latha nam pàrtean fìor chudromach de FtG oir tha iad a' toirt cothrom do chloinn an cuid sgilean a thoirt air adhart agus gus cleachdadh na Gàidhlig àbhaisteachadh mus tèid iad dhan sgoil. Chaidh moladh gun rachadh gealltanasan a bharrachd a chur ann gun dèanar rannsachadh air ròl na roinn prìobhaidich ann a bhith a' cumail taic ri solarachadh Gàidhlig agus ri bhith a' taghadh na Gàidhlig (m.e. sgoiltean-àraich air an toirt seachad le com-pàirtichean).

Am measg mholaidhean eile, bha a bhith a' leasachadh conaltradh tro luchd-tadhail slàinte agus seirbheisean leabharlainn do chloinn; mar eisimpleir tro bhith a' sgaoileadh fios mu chròileagan ionadail, a' gabhail a-steach òrain is bàrdachd Ghàidhlig ann an buidhnean tràth-bhliadhnaichean agus pasganan Bookbug, agus a bhith a' togail aire am measg theaghlach gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt den t-siostam foghlaim agus gu bheil cothroman ann dhaibh cothrom fhaighinn air agus pàirt a ghabhail ann an seo, agus cuideachd ann an tachartasan coimhearsnachd.

Foghlam

Thuirte luchd-freagairt gun robh soillearachadh a dhìth a thaobh an àrdachaidh de 3% ann am solarachadh foghlaim. Chaidh faighneachd an robh an targaid seo airson àireamhan ann an FtG no FLI no airson an uiread de chuspairean a bhiodh rim faighinn tron Ghàidhlig, agus chaidh faighneachd an robh àrdachadh de 3% mòr gu leòr.

Tha fèill fhollaiseach air FtG agus feumar an t-iarrtas seo a choileanadh. Le àireamhan anns na sgoiltean a' dol am meud, thuirte luchd-freagairt gun robh iad airson 's gun rachadh rudeigin a dhèanamh sa bhad a thaobh gainnead an luchd-teagaisg, càileachd a' churraicealaim agus aithneachadh air cho cudromach 's a tha foghlam bogaidh.

Am measg mholaidhean eile airson a' Phlana Ghàidhlig, bha:

- Obraich còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus poileasaidhean a dheasachadh a chumas taic ri bogadh ann am FtG, mar eisimpleir, a bhith a' toirt a-staigh luchd-taic sa chlas airson clasaichean GME.
- Cruthaich fuasgladh co-òrdanaichte a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba air mar as fheàrr a ghabhas feumalachdan gach sgoilear a choileanadh, ge b' e dè na comasan a th' aca.

A bharrachd air seo, feumaidh cinnt a bhith ann a thaobh nan slighean ionnsachaidh a tha rim faighinn gus am bi fios aig pàrantan is clann dè bhios a' tachairt agus gun urrainn dhaibh leantainn orra ann am FtG.

Feumaidh am plana gabhail ris gu bheil inbhich anns a' bhaile a tha airson an cànan ionnsachadh no airson an cuid sgilean a thoirt air adhart. A bharrachd air seo, bu chòir pàrantan le clann ann an FtG/FLI taic fhaighinn gus na sgilean aca a thoirt air adhart gus an gabh an cànan agus an cultar a chleachdadh aig an taigh gus taic a bharrachd a thoirt do leasachadh an cuid chloinne.

Cuidichidh prògram ionnsachaidh do dh'inbhich agus cùram sgoil-àraich is cùram fad-latha teaghlaichean gus FtG a thaghadh, no gus cothrom fhaighinn air FtG. A bharrachd air seo, bha luchd-freagairt ag aithneachadh gun robh feum air àrd-sgoil agus gum bu chòir solar a bhith ann air feadh a' bhaile gus cur ri cothrom air FtG. Ach, mus gabh beachdachadh air meudachadh, feumar aghaidh a chur air ceistean co-cheangailte ri solar luchd-teagaisg agus càileachd a' churraicealam. Am measg nam molaidhean, bha eachdraidh, spòrs agus ceòl na Gàidhlig mar chuspairean air a' churraicealam.

Chaidh na dùbhlain a thaobh trusadh luchd-teagaisg a thogail iomadh turas tron cho-chomhairle. Bha luchd-freagairt den bheachd gum bu chòir barrachd a dhèanamh gus luchd-teagaisg Gàidhlig a bhrosnachadh gus tighinn a dh'fhuireach sa bhaile, agus chaidh moladh gum bu chòir culaidhean-brosnachaidh a bhith ann gus an tarraing gu teagasg tron Ghàidhlig no a bhith ag ath-thrèanadh mar luchd-teagaisg Gàidhlig. A bharrachd air seo, chaidh moladh gum bu chòir Oifigear Leasachaidh Gàidhlig làn-ùine fhadstadh cuideachd gus cur ri càileachd agus comas-libhrigidh.

Feumar taic a thoirt do luchd-teagaisg leis an leasachadh proifeiseanta aca agus chaidh moladh gun obraich am baile le colaistean trèanaidh luchd-teagaisg gus cothroman a chruthachadh airson leasachadh proifeiseanta leantainneach. Bu chòir dhan cho-chomhairle cuideachd aontachadh taic a chumail ri luchd-obrach tro chuibhreannan a ghabhas a chleachdadh gus na sgilean cànan aca a ghleidheadh is a thoirt air adhart.

Cha bu chòir taic airson feumalachdan a bharrachd a bhith am measg nan gnìomhan a thaobh a bhith a' leudachadh solarachadh bun-sgoile. Bu chòir seo a bhith ann an earrann fa leth a chionn 's gu bheil clann le feumalachdan sònraichte feumach air taic tron fhoghlam air fad aca.

Chaidh draghan a thogail mu bhith a' toirt a-staigh riatanasan-inntrigidh is slatan-tomhais inntrigidh airson faighinn a-steach gu FtG. Bhathar a' faireachdainn gun robh inbhe cho-ionann a' chànain a' ciallachadh gum bu chòir còir a bhith aig sgoilearan foghlam fhaighinn anns a' chànain a thaghas iad, Gàidhlig no Beurla, agus gur dòcha gun cuireadh slatan-tomhais inntrigidh bacadh air fàs ann am FtG. Dh'aithris cuid den luchd-freagairt air an eòlas aca fhèin air suidheachaidhean far nach d' fhuair clann a-steach gu FtG mar thoradh air na slatan-tomhais inntrigidh no cinn-latha làithreach, ged a bha am

pàrantan dealasach a thaobh FtG agus/no ged a bha am bràithrean no peathraichean ann am FtG mar-thà.

Ged a chaidh FtG agus FLI a chur còmhla ann am prionnsabalan a' phlana, chaidh a ràdh gun robh an dà chuid cudromach agus gu bheil iad feumach air aithneachadh fa leth anns a' phlana a chionn 's gu bheil lìbhrigeadh FtG agus FLI feumach air goireasan is dòighean-obrach eadar-dhealaichte. Tha feum aig FLI air a phlana leasachaidh fhèin gus dèanamh cinnteach gun tèid an cothrom a thoirt do sgoilearan Dhùn Èideann an dà chànan nàiseanta ionnsachadh.

Coimhearsnachd

Chaidh aontachadh gur e deagh bheachd ro-innleachdail a bh' ann taic a thoirt do dhòighean-obrach co-obrachail ann a bhith a' lìbhrigeadh ghnothaichean agus a bhith a' stiùireadh coileanadh, agus gu bheil saor-thoilich anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig a dh'fhaodadh taic a thoirt dhan Chomhairle. Chaidh cur an cèill gur e eisimpleir de dh'obair èifeachdach a bh' ann an co-obrachadh agus bhathar a' faireachdainn gun gabhadh leasan ionnsachadh bhon dòigh-obrach seo. Cuideachd, chaidh fàilte a chur air a bhith a' cruthachadh Manifesto Gàidhlig do dh'Òigridh gus cothroman a chruthachadh airson òigridh taobh a-muigh na sgoile.

Ged a tha taic do Sradagan gus solar a leudachadh do chloinn is òigridh ann am FtG ann mar ghealltanais, bhathar a' faireachdainn gum bu chòir earrann fa leth a bhith anns a' Phlana Ghàidhlig mu thaic do gnìomhachdan taobh a-muigh na sgoile. Tha e cudromach gun tèid coimhearsnachd a bhrosnachadh agus gum bi cothroman a bharrachd ann taobh a-muigh na sgoile gus an ionnsaich clann nach e cànan na sgoile a-mhàin a th' anns a' Ghàidhlig. Sheall na beachdan bho luchd-freagairt gur e Sradagan an t-aon ghnìomh Ghàidhlig a bh' aca taobh a-muigh na sgoile.

Bhathar a' faireachdainn gum biodh ionad coimhearsnachd Gàidhlig na buannachd, gum gu chòir barrachd tachartasan coimhearsnachd a chumail, gum bu chòir leabhraichean dà-chànanach a bhith sna leabharlannan agus gum bu chòir an cultar a bhrosnachadh nas fheàrr tro thelebhisean, rèidio agus mar sin air adhart. Bha luchd-labhairt na Gàidhlig airson cothrom a bhith aca an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean làitheil, mar eisimpleir, a bhith a' ceannachd rudan no a' dol air bòrd còmhdhail phoblach. Chaidh moladh gun gabhadh targaid a shuidheachadh a bhith a' toirt a-staigh abairtean beaga làitheil anns a' Ghàidhlig gus a h-àbhaisteachadh agus gus a cleachdadh a bhrosnachadh.

Àite-obrach

Bu chòir soidhnichean rathaid agus soidhnichean eile a leasachadh ann an co-obrachadh le buidhnean dualchais gus dèanamh cinnteach gu bheil farsaingeachd de shoidhnichean dà-chànanach ann agus nach bi soidhnichean ann an làraichean do luchd-turais a-mhàin. Le bhith a' toirt a-steach soidhnichean dà-chànanach air feadh a' bhaile ann an àiteachan agus làraichean suaicheanta agus air còmhdhail phoblach, cuidichidh seo gus sealltainn cho cudromach 's a tha dualchas na Gàidhlig agus gus a h-àbhaisteachadh ann am beatha làitheil. Mhol cuid den luchd-freagairt cuideachd gun cuidicheadh litreachadh foneataig daoine gus mothachadh is eòlas a thogail mun chànan.

Cultar is Ealainean agus Dualchas

Bha luchd-freagairt den bheachd gum bu chòir dhan earrann seo a bhith nas àrd-amasaiche agus nas mionaidiche. Chaidh comharrachadh gu bheil cultar agus na h-ealainean nan eileamaidean fìor

chudromach ann a bhith a' cruthachadh luchd-labhairt misneachail, agus nach bu chòir cuideam cho mòr a bhith aig a' phlana air foghlam gus seo a dhèanamh.

Feumaidh am baile a bhith for-ghnìomhach agus tionnsgalach ann a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig agus mhol luchd-freagairt gun rachadh hub Gàidhlig a chruthachadh, gun rachadh Fèis Chultarach Gàidhlig a stèidheachadh, gun rachadh Oifigear Ealain Gàidhlig fhasadh, gum biodh barrachd roghainnean ann airson ceòl is dràma Gàidhlig, gun rachadh tachartasan a chumail air feadh a' bhaile agus gum biodh barrachd faicsinneachd aig na cothroman cultarach Gàidhlig agus cothroman pàirt a ghabhail ann an gnothaichean Gàidhlig.

Eaconamaidh

A-rithist, bha luchd-freagairt den bheachd gun robh an earrann seo caran gann a thaobh mion-fhiosrachadh agus gum biodh barrachd cnuasachaidh air seo feumail. Chaidh a chur an cèill nach eil mòran làthaireachd aig a' Ghàidhlig ann am bùithtean, gnìomhachasan no toglaichean poblach a' bhaile.

Bu chòir dhan bhaile beachdachadh air ceathramh (quarter) beothail a shònrachadh sa bhaile gus cur ri mothachadh, gus dà-chànanas àbhaisteachadh agus gus cothroman obrach a chruthachadh do luchd na Gàidhlig. Bu chòir obair a dhèanamh gus ro-innleachd nàiseanta a chur air dòigh airson planadh feachd-obrach.

Bu chòir rannsachadh a dhèanamh a thaobh na dàimh eadar cultar na Gàidhlig agus turasachd agus mar a bhios sin a' cur ri eaconamaidh a' bhaile. Chaidh moladh gum bu chòir dhan bhaile aontachadh cur gu mòr ri Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig na h-Alba. A bharrachd air seo, chaidh moladh gum bu chòir am Plana Gàidhlig iomradh nas motha a thoirt air na buannachdan cultarach is eaconomach a th' aig turasachd. B' urrainn dhan Chomhairle co-obrachadh le Marketing Edinburgh gus turasachd na Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus brannd cultarach a' bhaile a thogail.

Gealltanasan a thaobh Bun-tomhasan Seirbheis

Chuir an luchd-freagairt fàilte air na gealltanasan a thaobh bun-tomhasan seirbheis. Bhathar a' smaoinneachadh gun cuireadh iad seo ri faicsinneachd na Gàidhlig anns a' bhaile, gun robh iad ag aithneachadh agus gun robh iad a' freagairt air feumalachdan na cloinne a bha a' fàs suas mar luchd-labhairt na Gàidhlig.

Ach bha beachdan ann bho chuid nach robh fiosrachadh gu leòr ann airson cuid de na h-earrannan agus mun uiread de bhun-tomhasan seirbheis nach deach a dhearbhadh fhathast. Chaidh moladh gum bu chòir iomairtean a bhith stèidhichte air feumalachdan is fèill, gus dèanamh cinnteach gun rachadh am maoinneachadh a tha ri fhaighinn a phrìomhachadh agus a chleachdadh ann an dòigh èifeachdach.

A thaobh roghainnean nas fheàrr airson luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith a' cur fios gu seirbheis chustamairean aig a' Chomhairle, chaidh faighneachd ciamar a bhiodh fios aig daoine mu na cothroman seo. Bhathar a' faireachdainn gum bu chòir dhan chomhairle conaltradh nas fheàrr a dhèanamh mun Phlana Ghàidhlig aice agus gum bu chòir dhi a bhith cunbhalach leis an teachdaireachd gu bheil a taic ri solarachadh Gàidhlig san ùine fhada.

Chaidh aithneachadh gum bi feum aig a' chomhairle air comasan iomchaidh anns a' Ghàidhlig ma tha i gu bhith a' toirt seachad seirbheisean Gàidhlig. Dh'fhaodadh a' Chomhairle culaidhean-brosnachaidh a thoirt seachad do luchd-obrach gus na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus dh'fhaodadh a'

Chomhairle beachdachadh air àireamh sa cheud a shònrachadh den luchd-obrach a dh'fheumadh na sgilean seo a thogail.

Chaidh aithris gun tug e deagh bhuidheann air misneachd sgoilearan FtG ann an Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig (JGHS - James Gillespie's High School) nuair a chaidh soidhnichean Gàidhlig a chur suas. Mar a chaidh aithris na bu thràithe, tha luchd-freagairt den bheachd gun sealladh barrachd soidhnichean air feadh a' bhaile gu bheil dualchas na Gàidhlig cudromach agus gun tèid àbhaisteachadh ann am beatha làitheil mar thoradh air seo.

Ged a bha e math cothroman fhaicinn fo 'chonaltradh' gus cur ri branndadh, làthaireachd air an làraich-lìn, feumar beachdachadh air na meadhanan sòisealta, foirmean agus foillseachaidhean eile cuideachd. Chaidh moladh gum bu chòir tionndaidhean Gàidhlig de dh'fhoillseachaidhean cudromach (mar eisimpleir Prògram a' Phrìomh Bhaile - Plana Gnìomhachais na Comhairle, Plana na Coimhearsnachd) a bhith ri fhaighinn gu furasta, le comas ann eadar-theangachadh fhaighinn de dh'fhoillseachaidhean eile na Comhairle air iarrtas.

Chaidh moladh gum bu chòir do Edinburgh Leisure cothrom a thoirt air spòrs is gnìomhachdan Gàidhlig agus chaidh a chur an cèill nach robh mion-fhiosrachadh mu spòrs sa Phlana Ghàidhlig.

[An staid làithreach, Toraidhean Com-pàirteachaidh agus Gnìomhan san àm ri teachd](#)

Anns a' cho-chomhairle, chaidh iarraidh air an luchd-freagairt smaoinichadh air na gnìomhan airson an àm ri teachd airson gach aois agus an cur ann an òrdugh prìomhachais. Bu chòir toirt an aire, ged a chuir cuid den luchd-freagairt na gnìomhan ann an òrdugh a rèir prìomhachais, fhuaras am beachd bho ghrunn luchd-freagairt gun robh e doirbh an cur an òrdugh a chionn 's gu bheil iad uile cudromach, gu bheil cuid aca ceangailte ri chèile agus gum feumadh cuid de na gnìomhan tachairt aig an aon àm gus amasan a' Phlana Ghàidhlig a choileanadh.

A bharrachd air seo, tha cuid de na cuspairean a chaidh a thogail anns na beachdan airson gach buidheann-aoise ceangailte. Bhathar den bheachd gu bheil soilleireachd air slighean airson foghlam, solar luchd-teagaisg, so-ruigsinneachd, ionnsachadh teaghlaich agus togail aire cudromach airson gach buidheann-aoise. Chaidh cùisean air an deach iomradh a thoirt mar-thà ann an earrainnean eile den Phlana Ghàidhlig a thogail a-rithist, a' sealltainn gun robh iad seo cudromach dhan luchd-freagairt.

Airson luchd-freagairt òga, bha e soilleir gun robh iad a' cur luach anns an ionnsachadh aca agus a' faighinn tlachd às agus gum bu toil leotha barrachd cothrom a bhith aca cuspairean ionnsachadh tron Ghàidhlig, pàirt a ghabhail ann an geamannan Gàidhlig aig àm-cluich, a bhith a' gabhail pàirt ann an gnìomhachdan taobh a-muigh na sgoile agus a bhith a' cleachdadh an cuid sgilean cànan ann an suidheachaidhean làitheil.


Ro-0 gu 6 mìosan

Fiosrachadh mu ghnìomhan airson an àm ri teachd

- Gnìomh 1 – Nithear sgrùdadh agus leudachadh air an t-sanasachd a thathar a' dèanamh air na cothroman air FtG tro làrach-lìn na Comhairle agus ionadan seirbheis NHS Lodainn (NHSL). Nithear oidhirp gus aire barrachd dhaoine a tharraing gu na slighean ionnsachaidh FtG a th' ann agus na buannachdan a gheibhear bho FtG. Bu chòir dhan fhiosrachadh dèanamh soilleir de na dùbhlain a dh'fhaodadh a bhith ro phàrantan is sgoilearan ma tha iad am beachd FtG a roghnachadh.

- Gnìomh 2 – Thèid fiosrachadh is seiseanan fiosrachaidh a thoirt seachad le mnathan-glùine, luchd-tadhail slàinte agus luchd-obrach nan tràth-bhliadhnaichean mu na slighean ionnsachaidh FtG, agus leis an fhiosrachadh a gheibhear air FtG. Thèid beachdachadh air na cothroman a th' ann obrachadh le buidhnean eile a tha a' cur ionnsachadh chànanaidh is dà-chànanaidh aig ìre thràth air adhart agus a tha a' toirt taic dhaibh, leithid Bilingualism Matters.
- Gnìomh 3 – Bidh Buidheann Gnìomha na Gàidhlig (BGG) ag obair ann an com-pàirt gus fiosrachadh mun t-slighe ionnsachaidh 0-18 ann am FtG ullachadh is aontachadh, agus gus seiseanan fiosrachaidh mun chànan a chur air dòigh, do phàrantan is clann le ùidh sa Ghàidhlig.
- Gnìomh 4 – Nithear sanasachd air goireasan ionnsachaidh do theaghlaichean airson phàrantan aig a bheil dùil ri leanabh, no aig a bheil clann mar-thà, agus thèid barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan cultarach Gàidhlig.

Gnìomhan airson an àm ri teachd air an òrdachadh a rèir prìomhachais (aois ro-0 gu 6 mìosan)



Beachdan mu ghnìomhan airson an àm ri teachd (aois ro-0 gu 6 mìosan)

Bu chòir fiosrachadh do phàrantan ùra innse do phàrantan mu bhuannachdan an dà-chànanaidh. Chaidh moladh gum bu chòir dhan Phlana Gàidhlig a bhith a' toirt fa-near deagh chleachdadh airson mion-chànanaidh Eòrpach eile agus gun robh ro-innleachd fad-ùine a dhìth airson FtG airson dèanamh cinnteach gu bheil fios aig pàrantan dè na slighean ionnsachaidh a tha rim faighinn agus gus an urrainn dhaibh co-dhùnadh fiosrachaidh a dhèanamh mu fhoghlam an cuid cloinne bhon toiseach. Gus seo a dhèanamh bidh feum air gu leòr àiteachan air feadh a' bhaile gus iarrtas a choileanadh.

Chaidh comharrachadh gu bheil ionnsachadh teaghlaich cudromach agus gum bu chòir cothrom a bhith aig pàrantan air clasaichean gus na sgilean cànan aca a thoirt air adhart. Feumaidh pàrantan aithneachadh cho cudromach 's a tha an t-ionnsachadh aca fhèin ann an leasachadh an cuid chloinne.

Chaidh moladh gum b' urrainn do mhnathan-glùine agus luchd-tadhail slàinte a bhith a' brosnachadh nan seirbheisean Gàidhlig a tha rim faighinn, agus gun gabhadh leasan Gàidhlig a thairgsinn dhaibh mar phàirt den leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD) aca.


Am measg nan eisimpleirean air dòighean gus aire a thogail mun Ghàidhlig, bha duilleag fiosrachaidh ann am Bogsaidhean Bèibidh aig Riaghaltas na h-Alba agus na pasganan fiosrachaidh airson bèibidhean air an ùr breith, a bhith a' cur òrain is rannan Gàidhlig air CDan Bookbug leis na faclan, agus a bhith a' toirt a-steach barrachd sheiseanan rhyme time Gàidhlig ann an leabharlannan ionadail.

0 gu 3 bliadhna

Fiosrachadh mu ghnìomhan airson an àm ri teachd

- Gnìomh 1 – Thèid dà Chròileagan ùr a stèidheachadh sa bhaile, bu chòir aonan dhiubh a bhith faisg air seirbheis Sgoil-àraich ùr sam bith a thèid a stèidheachadh gus leudachadh air na seirbheisean a th' ann (faicibh na roghainnean gu h-ìosal).
- Gnìomh 2 – Thèid ceanglaichean nas fheàrr a thogail le luchd-solair san roinn phrìobhaidich, phoblaich no san treas roinn feuch an gabh seirbheisean a leudachadh mar a thathar a' moladh.
- Gnìomh 3 – Thèid dòighean a dhealbh gus aithne a thoirt do dh'obair luchd-obrach nan Cròileagan agus gus àrdachaidhean pàighidh a thabhann mar aithne air an obair sin.
- Gnìomh 4 – Thèid sgrùdadh a dhèanamh air an taic a th' ann, agus thèid taic nas fheàrr a thoirt, do theaghlaichean tro ghoinneasan is cothroman airson a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, gu h-àraidh airson teaghlaichean le clann a tha a' gluasad eadar an Cròileagan is an Sgoil-àraich.
- Gnìomh 5 - Thèid taic nas fheàrr a thoirt do chomataidhean nan Cròileagan airson an neartachadh.
- Gnìomh 6 - Thèid seirbheisean ionnsachaidh a leasachadh airson teaghlaichean le clann a tha dol gu Cròileagan, le co-dhiù aon seisean gach seachdain airson teaghlaichean a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus co-dhiù aon seisean airson teaghlaichean is clann aig a bheil Gàidhlig.

Gnìomhan airson an àm ri teachd air an òrdachadh a rèir prìomhachais (aois 0-3)



Beachdan mu ghnìomhan airson an àm ri teachd (aois 0-3)

Am measg nam prìomh chuspairean a chaidh a thogail a thaobh Cròileagan, bha so-ruigsinneachd, cinnt mu leantainneachd/adhartas, taic airson ionnsachadh teaghlaich, agus a bhith a' toirt seachad goireasan matha.

A chionn 's gu bheil fèill mhòr air seirbheisean Cròileagan air feadh a' bhaile, chaidh moladh gun robh feum air ruigsinneachd nas fharsainge air goireasan agus bha iarrtasan ann airson solarachadh a bharrachd anns gach sgìre den bhaile. Bu chòir barrachd a dhèanamh gus taic a thoirt do theaghlaichean nach eil comasach air Cròileagan a chleachdadh mar thoradh air na h-uairean obrach aca, tro bhith a' cur air dòigh seiseanan nas sùbailte airson na seirbheis. A bharrachd air seo, tha e cudromach gum bi slighean ionnsachaidh soilleir ann eadar Sgoil-àraich agus FtG.


Am measg nam molaidhean gus cothroman ionnsachaidh teaghlaich a leasachadh, bha a bhith a' toirt seachad cròileagain do chloinn fad 's a tha pàrantan a' faighinn oideachadh bunasach sa chànan, gnìomhachdan 'buail a-steach' aig an deireadh sheachdain airson teaghlaichean nach robh comasach air dol dhan Chròileagan, a' cruthachadh bhidiothan YouTube aig a' Chomhairle a' sealltainn Cròileagain agus a' freagairt cheistean cumanta, agus a bhith a' stèidheachadh sgoiltean-àraich bogaidh làn-ùine.

3 gu 5 bliadhna

Fiosrachadh mu ghnìomhan airson an àm ri teachd

- Gnìomh 1 – Thèid leudachadh a thoirt air na seirbheisean Sgoil-àraich a tha sa bhaile an-dràsta le bhith a' stèidheachadh ionad fa leth, agus thèid an luchd-obrach a tha dhìth fhasadh.
- Gnìomh 2 - Thèid leudachadh a thoirt air na seirbheisean Sgoil-àraich a tha sa bhaile an-dràsta an cois ionad/sgoil le FtG, agus thèid an luchd-obrach a tha dhìth fhasadh.
- Gnìomh 3 – Thèid leudachadh a thoirt air na seirbheisean Sgoil-àraich a tha sa bhaile an-dràsta an cois ionad/sgoil far nacheil FtG, agus thèid an luchd-obrach a tha dhìth fhasadh.
- Gnìomh 4 – Bheirear sùil air na cothroman a th' ann airson aonta a chur air dòigh le buidheann eile gus sealltainn air seirbheis Sgoil-àraich ùr a stèidheachadh ann an com-pàirt leinn sa bhaile (airson clann aois 3-5).
- Gnìomh 5 – Thèid cothroman a chruthachadh do phàrantan le clann san sgoil-àraich airson coinneachadh is Gàidhlig ionnsachadh agus nithear ceangal ri buidhnean phàrant eile sna diofar àiteachan far a bheil na Cròileagain.
- Gnìomh 6 – Obraichidh sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is Riaghaltas na h-Alba gus measadh a dhèanamh air na poileasaidhean nàiseanta a th' ann a thaobh nan slatan-tomhais a thathar a' cleachdadh airson àiteachan a thoirt do chloinn ann am FtG.
- Gnìomh 7 – Obraichidh sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is Riaghaltas na h-Alba gus dòighean nas fheàrr a chomharrachadh gus dreuchdan ann an sgoiltean-àraich Gàidhlig a dhèanamh nas tarraingiche feuch an tèid nas fheàrr le ar n-oidhirpean gus luchd-obrach a thrusadh is a ghleidheadh. Obraichidh sinn còmhla ri Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig gus sgoilearan FtG a bhrosnachadh gus beachdachadh air obair a dhèanamh airson pàigheadh no gu saor-thoileach san Sgoil-àraich.
- Gnìomh 8 – Obraichidh sinn còmhla ri Òrganan gus leudachadh air an t-seirbheis aca mar bhuidhinn chom-pàirteach air an làrach far a bheil iad an-dràsta agus ann an àiteachan ùra.
- Gnìomh 9 – Obraichidh sinn còmhla ri Fèisean nan Gàidheal gus coimhead air dè na cothroman a bharrachd a dh'fhaodadh Fèisgoil a thoirt do chloinn san sgoil-àraich a thaobh chùisean cultarach.
- Gnìomh 10 - Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri Stòrlann agus sinn a' cuideachadh le bhith a' toirt taic a bharrachd do chloinn ann am FtG leis an fhoghlam aca, agus an taic sin a rèir nam feuman eadar-dhealaichte a th' aig clann ann am foghlam bogaidh.

Gnìomhan airson an àm ri teachd air an òrdachadh a rèir prìomhachais (aois 3-5)



Beachdan mu ghnìomhan airson an àm ri teachd (aois 3-5)

Thuir a' mhòr-chuid den luchd-freagairt nach robh àiteachan gu leòr airson na bh' ann de chloinn ro-sgoile a bha ag iarraidh dhol dhan Sgoil-àraich agus gum bu chòir na sgoiltean-àraich a leudachadh. Gus an t-seirbheis a leudachadh, feumar luchd-obrach gu leòr a thrusadh is a ghleidheadh.

Chaidh aontachadh gu bheil ròl cudromach aig an Sgoil-àraich ann a bhith a' toirt cothrom air FtG agus gu bheil e uaireannan a' cur bacadh air clann bho bhith faighinn àite ann am FtG mur a faigh iad àite san Sgoil-àraich. Chuir luchd-freagairt cuideam air cho cudromach 's a tha bogadh cànan ann a bhith ag ullachadh clann airson sgoil agus ann a bhith a' togail deagh bhunait airson clann a tha a' tighinn a-steach gu Clas 1.

Mhothaich an luchd-freagairt nach robh gnìomh sònraichte ann a bha ag aithneachadh cho cudromach 's a tha cùram fad-latha sa Ghàidhlig. Feumar cùram fad-latha a bhith ann airson na Sgoil-àraich agus chan eil amannan nan seiseanan a tha rim faighinn san Sgoil-àraich aig an àm seo freagarrach airson teaghlachan far a bheil na pàrantan ag obair. Feumaidh Sgoil-àraich a bhith so-ruigsinneach a thaobh nan uairean agus nan àiteachan agus bheireadh cùram fad-latha taic dhan amas seo.


5 gu 11 bliadhna

Fiosrachadh mu ghnìomhan airson an àm ri teachd

- Gnìomh 1 – Thèid leudachadh a thoirt air na ghabhas Bun-sgoil Taobh na Pàirce tro obair chalpa agus a bhith a' dèanamh feum nas fheàrr de na seòmraichean-teagaisg a th' ann.

- Gnìomh 2 – Obraichidh sin còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is Riaghaltas na h-Alba gus measadh a dhèanamh air na poileasaidhean nàiseanta a th’ ann a thaobh nan slatan-tomhais a thathar a’ cleachdadh airson àiteachan a thoirt do chloinn ann am FtG.
- Gnìomh 3 - Thèid Bun-sgoil 5-11 ùr a stèidheachadh ann am bun-sgoil a th’ ann mar-thà ann am pàirt eile den bhaile, le planaichean ann airson sgoilearan a bhith a’ gluasad eadar ìrean.
- Gnìomh 4 – Thèid Bun-sgoil 5-11 ùr a stèidheachadh ann am pàirt eile den bhaile, mar phàirt de sgoil Bheurla a th’ ann mar-thà, le planaichean ann airson sgoilearan a bhith a’ gluasad eadar ìrean.
- Gnìomh 5 – Thèid Bun-sgoil 5-11 ùr a thogail le planaichean ann airson sgoilearan a bhith a’ gluasad eadar ìrean.
- Gnìomh 6 - Fhad ’s a tha barrachd sgoilearan a’ tòiseachadh aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce, a thig bhon sgoil-àraich ùir (a tha a’ gabhail na cloinne a thig bho na Cròileagain ùra), bu chòir a’ chlann a bharrachd seo a chumail còmhla sna h-aon chlasaichean leis an aon luchd-teagaisg, le sùil an gluasad aig a’ cheann thall gu Bun-sgoil (5-11) ùr (faicibh gnìomhan 2, 3 agus 4).
- Gnìomh 7 – Thèid plana gnìomh ionadail / roinneil a dhealbh gus piseach a thoirt air mar a thèid tidsearan Gàidhlig le teisteanas is tidsearan fo dhearbhadh a thrusadh is a ghleidheadh, feuch am bi na tidsearan a tha dhìth ann gus FtG a leudachadh agus a leasachadh tro phrògram com-pàirteach le Bòrd na Gàidhlig (a’ coimhead air pasgain LT nas fheàrr a thabhann, tobraichean teachd-a-steach eile, taic-airgid airson taigheadas, agus taic-comhairleachaidh gus tidsearan FtG a chuideachadh le bhith a’ dèiligeadh ris na h-uallaichean obrach a bharrachd a th’ orra).
- Gnìomh 8 – Thèid bruidhinn ri ùghdarrasan foghlaim faisg air làimh gus beachdachadh air dòighean gus seirbheisean roinneil is com-pàirteach a stèidheachadh.
- Gnìomh 9 - Thèid coimhead air na roghainnean a th’ ann a thaobh luchd-teagaisg is ghoireasan a bharrachd, agus modhan-teagaisg feuch am bi cothrom aig sgoilearan bho Bhun-sgoil Taobh na Pàirce air seirbheisean E-Sgoil.
- Gnìomh 10 - Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri Stòrlann agus sinn a’ cuideachadh le bhith a’ toirt taic a bharrachd do chloinn ann am FtG leis an fhoghlam aca, agus an taic sin a rèir nam feuman eadar-dhealaichte a th’ aig clann ann am foghlam bogaidh.
- Gnìomh 11 – Thèid coimhead air carson a tha pàrantan is sgoilearan a’ roghnachadh FtG fhàgail às dèidh dhaibh a bhith aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce.

Gnìomhan airson an àm ri teachd air an òrdachadh a rèir prìomhachais (aois 5-11)



Beachdan mu gnìomhan airson an àm ri teachd (aois 5-11)

Feumar aghaidh a chur air trusadh agus cumail luchd-teagaisg mus tèid beachdachadh air a' bhun-sgoil no air bun-sgoil ùr. Bhathar den bheachd gun robh gnìomhan a thaobh trusadh agus gleidheadh luchd-teagaisg a cheart cho cudromach ri leudachadh is meud agus gun robh e doirbh an dà chuspair seo a sgaradh bho chèile.

Bha taic ann airson meudachadh ann am foghlam bun-sgoile agus FtG san fharsaingeachd ann an àiteachan eile sa bhaile. Nam biodh cothrom nas motha air seo agus nan robh cùram fad-latha ri fhaighinn, biodh seo a' toirt cothrom do dhaoine a bhith a' siubhal nas fhaide a dh'obair, a bhith a' toirt seachad barrachd cinnt mu shlighean ionnsachaidh agus cothroman nas fheàrr. Ach, feumar beachdachadh air suidheachadh na h-àrd-sgoile mus tèid solar sa bhun-sgoile a leudachadh. Feumaidh cinnt a bhith aig pàrantan a thaobh dè an suidheachadh a bhios ann san àm ri teachd a thaobh sgoiltean gus an dèan iad na co-dhùnidhean as fheàrr airson foghlam an cuid chloinne.

Thog cuid den luchd-freagairt draghan a thaobh àireamh nan àiteachan ann am FtG agus draghan nach faigheadh bràithrean/peathraichean àiteachan ann am foghlam Gàidhlig. Chaidh moladh gum bu chòir beachdachadh air gealltanais a thoirt do phàrantan aig a bheil clann ann am FtG gum faigheadh clann eile san teaghlach aca àite ann am FtG cuideachd.

A bharrachd air seo, chaidh moladh gum bu chòir ùghdarrasan ionadail eile taic airgid a thoirt do Chomhairle Baile Dhùn Èideann agus gum bu chòir dhaibh co-obrachadh còmhla riutha gus FtG a thoirt seachad do sgoilearan a tha a' fuireach taobh a-muigh a' bhaile.


11 gu 18 bliadhna

Fiosrachadh mu ghnìomhan airson an àm ri teachd

- Gnìomh 1 – Thèid Aonad FtG ùr a stèidheachadh le 3 thidsearan le teisteanas (ionann ri làn-thìde), agus stiùiriche a' churraicealaim nam measg, aig JGHS (stèidhichte air a' mhodal ann an Glaschu), gus leasachadh a thoirt air foghlam FtG a rèir nan dleastanasan laghail ùra a th' oirnn; agus thèid leudachadh a thoirt air a' churraicealam airson FtG (aig ìre FFC an toiseach) agus thèid barrachd thidsearan FtG fhastadh gus frithealadh air barrachd sgoilearan bho Bhun-sgoil Taobh na Pàirce.
- Gnìomh 2 - Nì JGHS agus an t-Ùghdarras Foghlaim barrachd oidhirp gus spèis cho-ionann a shealltainn do chànanan; agus nuair a thathar a' dealbh phoileasaidhean, thèid làn-aithne a thoirt dhan Ghàidhlig gur h-i aon de dhà chànan nàiseanta ann an Alba.
- Gnìomh 3 – Aon uair 's gun tèid foghlam FtG aig JGHS a leudachadh, thèid rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh an t-Aonad FtG a ghluasad gu sgoil eile gus am b' urrainnear barrachd sgoilearan bho Bhun-sgoil Taobh na Pàirce, agus bho bhun-sgoil sam bith eile a bhios ann, a ghabhail air ÀS1 FtG. Cuideachd, nan gluaiseadh an t-Aonad gu leithid a sgoil, dh'fheumte plana a dhealbh dhan sgoil sin airson na h-ùine-fhada gus dèanamh cinnteach gun gabhadh leudachadh a thoirt air FtG innte ann an dòigh sheasmhach agus gum biodh sàr fhoghlam fhathast ga lìbhrigeadh fhad 's a bha leudachadh a' tighinn air FtG. Bhiodh an sgoil freagarrach airson co-dhiù 20 bliadhna de dh'fhàs, agus dh'fhaodadh an sgoil sin a bhith na sgoil 'iomlan' 3-18.
- Gnìomh 4 – Thèid sgoilearan FtG a chur san aon taigh-sgoile, agus ann am buidhnean slàn sna clasaichean-clàraidh (me, bidh sgoilearan FtG mar leth de chlas).
- Gnìomh 5 – Bidh sgoilearan FtG air am bogadh barrachd sa chànan aig JGHS, le barrachd shoidhnichean, ealain, agus barrachd chuspairean bhon Churraicealam airson Sàr-mhathais air an teagasg tron Ghàidhlig.
- Gnìomh 6 – Thèid còmhraidhean a chumail le Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig mu bhith a' co-mhaoineachadh leudachadh air FtG aig ìre na h-àrd-sgoile ro no ann an 2022.
- Gnìomh 7 – Thèid sùil a thoirt air a' chomhairle dhreuchdan is fios mu bhith a' gluasad eadar diofar ìrean foghlaim a gheibhear aig JGHS agus thèid a' chomhairle is fios sin a leasachadh (me, ann an com-pàirt ri Colaiste Newbattle no fastaichean a tha a' sireadh luchd-obrach le sgilean Gàidhlig), agus nithear cinnteach gun tèid sgoilearan JGHS chun na co-labhairt, Siuthad, ann an Glaschu no Inbhir Nis.
- Gnìomh 8 – Thèid coimhead air na roghainnean a th' ann gus an clàr-ama atharrachadh, agus a thaobh ghoireasan a bharrachd agus mhodhan-teagaisg aig JGHS feuch am bi cothrom aig sgoilearan air seirbheisean E-Sgoil.
- Gnìomh 9 – Thèid coimhead air na cothroman a th' ann barrachd luchd-taice cànan a chleachdadh airson sgoilearan FtG a chuideachadh le bhith a' fàs nas fileanta.
- Gnìomh 10 – Nithear measadh air na comasan aig tidsearan air feadh sgoiltean an ùghdarrais gus teagasg ann am FtG, nithear measadh air na cnapan-starra a chuireas stad air tidsearan bho

bhith a' gluasad gu FtG, agus thèid coimhead air na cothroman a th' ann feum nas fheàrr a dhèanamh den luchd-obrach seo gus leudachadh air FtG aig JGHS agus sgoiltean iomchaidh eile.

Gnìomhan airson an àm ri teachd air an òrdachadh a rèir prìomhachais (aois 11-18)



Beachdan mu ghnìomhan airson an àm ri teachd (aois 11-18)

Mar a chaidh toirt fa-near roimhe, feumar aghaidh a chur air trusadh luchd-teagaisg agus air feumalachdan leasachaidh an luchd-teagaisg. Thuir luchd-freagairt cuideachd gum bu chòir barrachd chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig a bhith anns a' chlàr-ama agus gum bu chòir beachdachadh air mar a thèid taic a thoirt dhan Ghàidhlig ann an deuchainnean an SQA. Chaidh moladh gum bu chòir dhan Chomhairle coimhead ri modail Ghlaschu nuair a tha iad a' deasachadh am planaichean airson leasachadh FtG.

Bha a' mhòr-chuid den luchd-freagairt den bheachd gun robh e cudromach sgoilearan FtG a chumail còmhla a chionn 's gu bheil e a' toirt cothrom dhaibh an cuid sgilean a thoirt air adhart agus a chleachdadh nuair a tha iad còmhla, agus gu bheil seo a' cruthachadh sgoilearan nas misneachaile.

A bharrachd air seo, tha roghainnean e-sgoil cudromach ann a bhith a' cumail taic ri libhrigeadh chùrsaichean. Mhol luchd-freagairt gum bu chòir coimhead air mar a ghabhadh teicneolas a chleachdadh gus cothrom a thoirt do sgoiltean FtG a bhith a' co-obrachadh air-loidhne agus gus clasaichean a cho-roinn.

Bu chòir sgoiltean comhairle mu dhreuchdan Gàidhlig a thairgse agus bu chòir dhaibh co-obrachadh le buidhnean Foghlam Adhartach, mar eisimpleir Oilthigh Dhùn Èideann agus Sabhal Mòr Ostaig gus sgoilearan a bhrosnachadh gus beachdachadh mu fhoghlam a bharrachd is dreuchdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.

Chaidh draghan a thogail le beagan den luchd-freagairt mun mholadh gus FtG a ghluasad bho JGHS gu Drummond. Bhathar a' faireachdainn gum biodh e na bu chiallaiche a' cho-chomhairle a chumail air a' chuspair às dèidh dhan Phlana Ghàidhlig a bhith deiseil agus nuair a bhios barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn mu na molaidhean.

Beachdan san fharsaingeachd air an Dreachd Phlana

A thaobh an t-seòrsa cànan a chaidh a chleachdadh san dreachd phlana, thuirt cuid gun robh cuid den t-susbaint ro-shoilleir no gun robh e a' cleachdadh sgleò-chainnt (m.e. slighean ionnsachaidh FtG), a bha doirbh a thuigsinn do chuid. Bhathar den bheachd gum biodh am plana na b' fheàrr nan cleachdadh e cainnt nas soilleire, nan robh slatan-tomhais soilleir airson soirbheas ann, agus nan robh planaichean gnìomh mionaideach ann a thaobh mar a thèid na gealltanasan anns a' phlana a choileanadh.

Airson sealltainn carson a tha feum air tasgadh ann am bunstructair aig an àm seo, bhiodh e cuideachail nan robh fios ann air mar a tha a' Ghàidhlig air atharrachadh ann an Dùn Èideann thairis air a' chòig bliadhna mu dheireadh a thaobh ruigsinneachd deamografach agus sluaigh.

A bharrachd air seo, bha cuid den luchd-freagairt den bheachd gun deach cus de na targaidean a thoirt air adhart bhon phlana mu dheireadh, agus gun robh earrann a dhìth le sgrùdadh farsaing air an adhartas leis na targaidean a rinneadh san tionndadh mu dheireadh den phlana gus comharrachadh de na prìomh raointean far an robh barrachd fòcais a dhìth.